


A' togail Alba Ùr: Alba neo-eisimeileach san AE

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Tha ballrachd san AE mar nàisean neo-eisimeileach a' toirt cothrom do dh'Alba a bhith a' faighinn air ais na chailleadh air sgàth Brexit agus nach urrainn do thiomnidh cumhachd a lìbhrigeadh. Airson a' chiad uair riamh, bhiodh Alba aig a' bhòrd ag adhartachadh leas na h-Alba gu direach san AE. Chuireadh Alba neo-eisimeileach ris an AE agus na ball-stàitean aice gu h-adhartach.

Tha an fhanais a tha mar bhunait dhan gheàrr-chunntas seo, cho math ri iomraidhean air tùsan, air a thoirt seachad san teacsa shlàn.

Alba, an RA agus an AE

Ghabh nàisean eachdraidheil na h-Alba ri aonadh poilitigeach saor-thoileach le nàisean Shasainn ann an 1707. Taobh a-staigh an aonaidh sin, tha Alba riamh air institiudan agus siostaman nàiseanta fa leth a ghleidheadh.

Tha smachd aig Pàrlamaid na RA air poileasaidh macro-eaconamach, poileasaidh cùin agus dòn, agus air a' mhòr-chuid de chumhachdan tèarainteachd shòisealta agus chìsean.

Tha fèin-riaghlaigh agus ath-stèidheachadh Pàrlamaid na h-Alba air na buannachdan a tha an lùib fèin-riaghlaigh do dh'Alba a shealltainn. Ann an 2014 bhòt daoine ann an Alba ann an referendum air a' cheist am bu chòir Alba a bhith neo-eisimeileach.

Thàinig seo às dèidh iomairt anns an do gheall an fheadhainn a bha ag argamaid an aghaidh neo-eisimeileachd gur e bhòtadh 'Cha Bu Chòir' an aon dòigh air Alba a chumail san AE.

Tha na h-aon phrionnsapalan aig Alba ri prionnsabalan stèidheachaидh agus prìomh luachan an AE – stèidhichte air urram daonna, co-ionannachd, riaghlaigh an lagha, saorsa, deamocrasaidh agus càraichean daonna. Chaighd sin a dhèanamh soilleir ann an 2016 nuair a bhòt muinntir na h-Alba gu làidir airson fuireach san AE.

Tha Brexit air deasbad às ùr a bhrosnachadh air a' cheist a bheil e nas fheàrr do dh'Alba a bhith neo-eisimeileach agus taobh a-staigh an AE mar bhall-stàite.

Tha am pàipear a' taisbeanadh fianais gu bheil Alba air call fhulang gu h-eaconamach, gu sòisealta agus gu cultarail mar thoradh air co-dhùnadh riaghaltas Westminster a bhith a' leantainn 'Brexit cruaidh'. Dh'fhaodar a ràdh gun robh dòigh-obrach Westminster a thaobh barganachaïdh leis an AE ro bhuaireasach agus gun do rinn e dearmad air beachdan agus leas muinntir na h-Alba.

Chaidh Alba a thoirt a-mach às a' mhargaidh shingilte agus lìonra an AE de dhàimhean malairt fior fhàbharach air feadh an t-saoghal. Tha muinntir na h-Alba air an còir a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh air feadh an AE a chall.

Mar sin tha Alba ann an sudheachadh gun samhail - dùthaich ann an aonadh saor-thoileach de dhùthchannan a chaidh a thoirt a-mach às an AE agus a margaidh shingilte an aghaidh miann a' mhòr-chuid de a sluagh.

Bheireadh ballrachd san AE iomadh buannachd do dh'Alba

Tha fianais a' sealltainn gu bheil buannachdan eaconamach, sòisealta agus cultarail aig ballrachd san AE. Bhiodh e:

- a' ciallachadh gun robh Alba na pàirt den mhargaidh shingilte as mothà san t-saoghal, le gluasad saor de bhathar, seirbheisean, calpa agus daoine. Tha a' mhargaidh seo seachd uiread nas mothà na an RA agus mar sin bhiodh e comasach do chompanaidhean Albannach a bhith a' malairt gu saor le barrachd gnìomhachasan agus a bhith a' reic ri barrachd luchd-ceannach
- a' toirt cothroman trèanaidh is cosnaidh nas fheàrr do dhaoine ann an Alba. B' urrainn dhuinn daoine a thàladh is a ghleidheadh bho air feadh an AE gus ar gnìomhachasan, oilthighean aig ìre na cruinne agus seirbheisean poblach a chumail suas
- a' cruthachadh chothroman gus iomlaidean cultarach a bhrosnachadh agus a' cruthachadh chom-pàirteachasan rannsachaидh gus beairteas agus sunnd ar saoranaich a bhrosnachadh
- a' cur Alba aig cridhe buidheann le ruigsinneachd cruinneil. Bhiomaid ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean gus poileasaidhean an AE a chruthachadh agus gus co-obrachadh gus dèiligeadh ri dùblain cruinneil leithid atharrachadh na gnàth-shìde
- a' toirt cothrom do dh'Alba air innealan buileachaidh lagha an AE, a chuidicheas gus cur an aghaidh eucoir agus bagairtean thar-chriochan.

Agus mar bhall-stàite den AE bhiodh Alba neo-eisimeileach air a riochdachadh gu dìreach air institiudan an AE. Bheireadh seo comas do dh'Alba cur ri co-dhùnaidhean coitcheann a tha a rèir prìomhachasan na h-Alba tro phròiseasan deamocratach agus follaiseach.

Tha am pàipear a' mìneachadh nam buannachdan seo agus mòran a bharrachd de bhuanachdan bho bhallrachd san AE.

Tha mòran aig Alba ri thoirt dhan AE mar bhall-stàite

Dìreach mar a tha tàrr aig an AE ri cur ri Alba, tha tàrr aig Alba ri cur ris an AE mar bhall-stàite. **Mar eisimpleir:**

- Dh'fhaodadh neartan na h-Alba ann an cumhachd ath-nuadhachail, rannsachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh an t-AE a chuideachadh le bhith a' cruthachadh

theicneòlasan an àm ri teachd agus a bhith cur ris a' ghluasad gu cothromachadh-carboin.

- Chuireadh colaistean agus oilthighean aig ìre na h-Alba - a tha aig ìre na cruinne, fàilte air oilleanaich Erasmus+ à dùthchannan an Aonaidh Eòrpaich a-rithist
- Chuireadh cultar beothail na h-Alba gu mòr ri AE a bhiodh beothail agus a' coimhead air adhart

Bhiodh Alba neo-eisimeileach ann an deagh shuidheachadh gus cur ri luachan an AE. Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba cur ri clàr-gnothaich coitcheann an AE de cheartas sòisealta agus a bhith a' sìreadh comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas uaine.

Is e neo-eisimeileachd an aon dòigh air ballrachd san AE fhaighinn an da-rìribh

Cha bhiodh ballrachd aig Alba neo-eisimeileach san Aonadh Eòrpach a' briseadh nan dàimhean luachmhor a th' againn, agus a bhios againn fhathast, leis an RA. Mar bhall den EU, bhiodh dàimhean malairt eadar Alba neo-eisimeileach agus an còrr den RA air a riaghladh le na rèiteachaidhean malairt aontaichte eadar an AE agus an RA aig an àm. Bidh dùthchannan eile na RA agus Èirinn fhathast nan dlùth charaidean luachmhor do dh'Alba.

Tha am pàipear seo a' mìneachadh a' phròiseis airson a bhith a' faighinn ballrachd san AE. Tha e a' sealltainn gu bheil an t-eòlas agus na lìonraidhean aig Alba mar-thà gus taic a chumail ri ballrachd soirbheachail san AE. Tha laghan na h-Alba co-thaobhte ri laghan an AE gu ìre mhòr mar-thà. Mar thoradh air seo, tha Riaghaltas na h-Alba soilleir gum biodh Alba ann an deagh shuidheachadh gus riatanasan a' phròiseas aontachaidh a choileanadh gu rèidh agus gu sgiobalta .

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gun cuireadh Alba neo-eisimeileach tagradh a-steach airson a bhith na bhall den AE a-rithist cho luath 's a ghabhas.

Bhiodh Alba ann an suidheachadh gun samhail. Cha deach dùthaich sam bith eile a thoirt a-mach às an AE agus às a' mhargaidh shingilte aige an aghaidh a toil. Agus cha do rinn dùthaich sam bith eile iarrtas gus ballrachd fhaighinn san AE a-rithist.

Cha robh a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba, Pàrlamaid na h-Alba no Riaghaltas na h-Alba airson an AE fhàgail. Tha ballrachd san AE aig cridhe soirbheachas eaconamach is sòisealta na h-Alba san àm ri teachd. Is e neo-eisimeileachd an aon dòigh air a choileanadh an da-rìribh.

© Riaghaltas na h-Alba, 2023

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Samhain 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1341862 (11/23)